

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Ceàrn, co-chothromachd agus atharrachadh	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha comas air stiùireadh a leantainn agus a thoirt seachad na sgil beatha riatanach a tha a' toirt cothrom faighinn mun cuairt sgìrean agus cinn-uidhe ionadail gu h-èifeachdach. Tha e cuideachd a' leasachadh sgilean leughaidh bunaiteach mhapaichean.</p> <p>Tha feum air eòlas air ceàrnan airson suidheachadh agus feartan geomeatrach chumaidhean, a thuigsinn.</p> <p>Tha sgrùdadh air pàtranagan agus dealbhan co-chothromach a' neartachadh tuigse agus a' cur luach air an t-saoghal nàdarra agus ealain. Tha e bunaiteach do leasachadh sgilean co-cheangailte ri reusanachadh geomeatrachail.</p>
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor beatha?	<p>Tha cùrsaichean deatamach airson sàbhailteachd làitheil nam milleanan nuair a tha iad a' siubhal air itealain no air bàtaichean aig muir.</p> <p>Tha sgèile deatamach nuair a thathar ag eadar-mhìneachadh cho-theacsan leithid mapaichean, planaichean agus modaileadh.</p> <p>Lorg shuidheachain air itealain no trèanaichean, com-pàirteachadh ann an geamannan leithid soithichean-cogaidh no lorg thogalaichean ann am bailtean mòra.</p> <p>Tha co-chothromachd mun cuairt oirnn me. ann an nàdar leithid flùraichean, duilleagan, dealain-dè, cròic dàimh, is eile.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Dàta agus anailis	
Carson a tha e cudromach?	Tha fiosrachadh air a sholarachadh ann an diofar dhòighean ann an suidheachaidhean beatha fìor. Tha ceasnachadh an fhiosrachaidh a' comasachadh do roghainnean agus do cho-dhùnidhean a bhith dèante. Tarraing cho-dhùnidhean bho dàta gus cuideachadh le roghainnean fiosraichte a dhèanamh.
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>- Tuigsinn staitistearachd agus dàta air a thaisbeanadh gach latha sna naidheachdan mu chuspairean cudromach me. slàinte, foghlam, poilitigs is eile.</p> <p>- Tha leubailean bidh a' solarachadh clàr de dhàta a' fiosrachadh luchd-caitheamh mun t-susbaint ann am biadh / deoch me. an uimhir a th' ann de chalaraidhean, siùcar, geirean, pròtan is eile. Faodaidh tu beachdachadh air an dàta seo gus do chuideachadh a' dèanamh roghainnean fiosraichte mu bhiadh.</p>

Tuairmseadh agus cruinneachadh	
Carson a tha e cudromach?	Tha sgilean tuairmsidh tràth a' toirt cothrom air coimeasan agus tuairmsean a dhèanamh. Tha comas air àireamhan a chruinneachadh a' cuideachadh le àireamhachadh a dhèanamh nan ceann. Tha e a' toirt cothrom cuideachd air tuairmsean luath a dhèanamh ann an àireamhachaidhean agus reusantachd fuasglaidhean a sgrùdadh. Ann an diofar cho-theacsan, bidh feum air diofar ìrean de mhionaideachd.
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>Tuairmseadh air an t-sùim airgid a dh'fheumar airson deireadh-sheachdain air falbh.</p> <p>Tuairmseadh air ùine an turais.</p> <p>Tuairmseadh na h-àireimh de chupannan sùgha as urrainn dhut fhaighinn à botal.</p> <p>Thuirt am pàipear-naidheachd gun deach 63,467 tiogaidean a reic airson a' gheama ann am Murrayfield – cruinnich seo gu an 10, 100, 1000 as fhaisge.</p> <p>Tuairmsich dè cho fada 's a bheir e a' dràibheadh / coiseachd / rothaireachd gu ...</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Abairtean agus co-aontaran	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha tuigse gun urrainn àireamhan agus gnìomharaichean an ionadachadh le dealbhan no samhlaidhean, bunaiteach do smaoineachadh ailseabrathach uile. Tha lorg an uiread no an gnìomharaiche neo-aithnichte, na cheum dheatamach ann an leasachadh a' chomais air obrachadh le abairtean agus co-aontaran fhuasgladh.</p> <p>Tha àireamh de theirmean ailseabrathach an lùib mòran cheistean. Tha comas air an cothlamadh de theirmean a shìmpleachadh ga dhèanamh mòran nas fhasa a' cheist fhuasgladh.</p> <p>Tha bhith comasach air foirmlean a chleachdadh deatamach ann am mòran raointean den churraicealam agus a' cur taic ris an t-seòrsa sgilean fhuasglaidh cheistean air a bheil feum ann am mòran obraichean de shaoghal an latha an-diugh.</p>
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>Chaidh coimpiutairean innleachadh airson co-aontaran fhuasgladh a-rithist agus a-rithist an àite daoine a bhith a' dèanamh nan àireamhachaidhean.</p> <p>Gus èifeachdan is ìomhaighean didseatach a bhith a' coimhead cho fìor ann an geamannan coimpiutair, tha matamataigearan agus leasaichearan bathair-bog a' dèanamh agus a' cleachdadh cho-aontaran toinnte a thaobh mar a tha gluasad daonna ag obair. Tha barrachd cho-aontaran na b' urrainn dhut smaoineachadh air ann am bathar-bog choimpiutairean.</p> <p>Sgrùdadh eadar-lìn – tha co-aontaran gan cleachdadh airson rannsachaidhean nas grinne a thoirt air ais do dh'èinneanan rannsachaidh.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha bloighean gan cleachdadh gu cunbhalach san t-saoghal obrach agus sa bheatha làitheil.</p> <p>Tha bloighean deiceach cudromach airson iompachaidhean ann an tomhas agus airgead agus tuigsinn dè an co-chuid den iomlan a tha air a riochdachadh. Tha e cudromach ann an eadar-mhìneachadh fhreagairtean air àireamhairean.</p> <p>Ceudadan: air an cleachdadh ann am measgachadh farsaing de cho-theacsan, mòran dhiubh air an cleachdadh sa bheatha làitheil.</p> <p>Tha comas air atharrachadh eadar bloigh, bloigh deiceach agus ceudad na sgil a tha a' toirt cothrom air diofar dhòighean a chleachdadh ann am fuasgladh cheistean gu h-èifeachdach, a' gabhail a-steach àireamhachadh inntinneil.</p>
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>Bloighean – roinn cèic co-là-breith co-ionann am measg buidhne, tairgsean ½ phrìs, an uimhir de chonnadh san tanca, a' leantainn reasabaidhean le uimhirean bloigheach (1/2 cupan min fhluir).</p> <p>Bloighean deiceach – Air an cleachdadh ann an iompachadh ruithean-airgid.</p> <p>Ceudadan - Staitistearachd, tairgsean speisealta ann am bùithtean / mòr-bhùithtean, toraidhean deuchainn, 25% dheth, 50% a bharrachd an-asgaidh, ceannaich aon, faigh fear eile an-asgaidh (obraich a-mach far am faighear an luach as fheàrr).</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Beachdan air cothrom agus mì-chinnt	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha comharrachadh, ro-innse agus sgrùdadh bhuilean a thaobh tachartasan eòlach a' cur taic ri leasachadh air sgilean breithneachaidh. Tha seo a' comasachadh beachdachadh air roghainnean eile nuair a thathar a' dèanamh thaghadh agus cho-dhùnaidhean.</p> <p>Tha obrachadh a-mach air coltachd teòiridheach a' cuideachadh le tuigse a thogail do bhuilean thachartasan agus a' choltachd air tachartas tachairt a-rithist.</p>
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>Tha cothrom air uisge, sneachd is eile, glè thrì air a nochdadh mar cheudad - 'tha cothrom 50% air uisge an-diugh'.</p> <p>Cluich chrannchuran – tuigsinn nan cothroman air buannachadh me. 1 ann an 14 millean.</p>

Matamataig – a bhuaidh air an t-saoghal, a bha, a tha agus a bhios	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha e cudromach gun tuig luchd-ionnsachaidh àite matamataig nan àrainneachd oir tha e a' solarachadh nam bunachasan airson matamataig a chleachdadh nam beatha làitheil, a rannsachadh. Tha e cudromach cuideachd gu bheil eòlas aig luchd-ionnsachaidh air an t-siostam àireamhan aca fhèin tro rannsachadh orrasan bhon àm a dh'fhalbh gus a thuigsinn mar a tha iad air mean-fhàs, air atharrachadh agus air leasachadh.</p> <p>Tuigsinn mar a tha àireamh mhòr de mhatamataigean air cur ri matamataig an latha an-diugh agus luachadh mar a bha agus a tha fhathast, lorgaidhean matamataigeach cudromach sa bheatha làitheil.</p> <p>Tha adhartachadh air mothachadh agus ùidh ann an cùrsaichean-dreuchd co-cheangailte ri matamataig, leithid saidheans, innleadaireachd agus teicneòlas, deatamach do leasachadh eaconamach.</p>
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>Tha matamataig ga chleachdadh ann am mòran dreuchdan a' gabhail a-steach gruagairean, bèicearan, gnìomhachas togail is eile. Tha e air a chleachdadh cuideachd leothasan ann an dreuchdan STEM (saidheans, teicneòlas, einnseanaireachd agus matamataig) leithid innleadairean coimpiutaireachd, teicneòlaichean, luchd-anailis, ailtirean, ceimigearan, luchd-saidheans, leasaichearan bathair-bog agus mòran a bharrachd.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Tomhas	
Carson a tha e cudromach?	Tha cleachdadh aonadan àbhaisteach a' dèanamh cinnteach à siostam tomhais uile-choitcheann a tha gar cuideachadh gu tomhasan eadar-mhìneachadh, a chonaltradh agus obrachadh a-mach, a' gabhail a-steach iompachadh eadar aonadan. Tha feum air àireamhachadh sa bheil cuairt-tomhas, farsaingeachd agus tomhas-lìonaidh ann an co-theacsan fìor-beatha agus ga dhèanamh comasach dhuinn uimhirean mionaideach obrachadh a-mach.
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	<p>Tuigsinn cuideam, àirde bodhaig fhèin, is eile. Tha na sgilean sin cudromach ann an cleachdadh chlàran meud no ann an sgrùdadh chuideaman bodhaig fallain / BMI mar eisimpleir.</p> <p>Dh'obraicheadh taidhlear a-mach cia mheud taidhle a bhiodh a dhìth airson farsaingeachd a chòmhdach.</p> <p>Tuigsinn cudromachd thomhasan mionaideach ann an togail, dealbhadh fasain, is eile. Tha e cudromach cuideachd builean thomhasan mì-cheart a thuigsinn.</p>

Airgead	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha e cudromach a thuigsinn gu bheil airgead luachmhor agus gu bheil feum air a chumail sàbhailte. Tha comas air co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh cosg agus sàbhaladh airgid deatamach, gus stoidhle beatha a chothromachadh le cosgais beòshlaint. Bidh clann agus daoine òga a tha ciallach a thaobh buidseatadh agus a' planadh mu choinneamh an ama ri teachd, nan saoranaich earbsach a' làimhseachadh an cuid airgid gu h-èifeachdach.</p> <p>Le bhith ag ionnsachadh dòigh air cunnartan agus duaisean a thuigsinn agus a' dèanamh cho-dhùnaidhean stèidhichte air smaoineachadh fiosraichte, bidh clann agus daoine òga comasach air cur gu h-èifeachdach ri leasachadh beairteas na h-Alba.</p> <p>Faodaidh tuigse do dh'airgead measgachadh de chruthan a ghabhail san t-saoghal dhidseatach chaochlaideach seo againn.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

<p>Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?</p>	<p>Pàigheadh airson nithean sa bheatha làitheil san fharsaingeachd, a thuilleadh air an iomlaid cheart a sgrùdadh.</p> <p>Obrachadh a-mach ruigsinneachd air pàigheadhean mìosail a choileanadh.</p> <p>Rannsachadh roghainnean a thaobh an luaich as fheàrr me. cunntasan sàbhalaidh àrd-rèidh, aontaidhean a thaobh atharrachadh air solaraiiche cumhachd, tairgse bann-leathann an-asgaidh airson bliadhna, is eile.</p>
--	---

Iomadan, factaran agus prìomhan	
<p>Carson a tha e cudromach?</p>	<p>Tha tuigsinn air iomadan agus factaran deatamach airson taic a chur ri obair ann am bloighean agus ailseabra. Tha tuigse shoilleir air na ceangalan taobh a-staigh nan clàran uireadan agus cleachdadh air pròiseasan mùiteach (me. iomadachadh is roinneadh) deatamach cuideachd.</p> <p>Is e na prìomh àireamhan blocaichean togail an t-siostaim àireamhan. Stèidhichidh an ceangal le factaran gu bheil gach àireamh shlàn nas motha na aon na prìomh àireamh, no na toradh de phrìomh àireamhan. Is e seo Teòram Bunasach Àireamhachd.</p>
<p>Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?</p>	<p>Tha aithne air iomadan 2, 5, 10 a' cuideachadh le cunntadh bhuinn.</p> <p>Tha prìomh àireamhan gan cleachdadh airson fiosrachadh a chrioptadh tro lionraidhean conaltraidh, air an cleachdadh le fònaichean làimhe agus leis an eadar-lìon.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Àireamhan agus pròiseasan àireamhan	
<p>Carson a tha e cudromach?</p>	<p>Tha comas air sgilean àireamhachd a chur an gnìomh tarsainn measgachadh de cho-theacsan fìor-bheatha, a' leantainn gu bhith àireamhachail agus comasach air obrachadh gu dligheach sa bheatha làitheil, a' gabhail a-steach taobh a-staigh an t-saoghail obrach.</p> <p>Tha e cudromach gun urrainn do luchd-ionnsachaidh obair gu sùbailte anns na ceithir obrachaidhean: cur-ris, toirt-air-falbh, iomadachadh agus roinneadh, agus obair le misneachd leotha sin ann an àireamhachadh, a' gabhail a-steach cleachdadh air àireamhan àicheil.</p>
<p>Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?</p>	<p>Eagrachadh dinnear do 10nar – obrachadh a-mach gu leòr de gach seòrsa bìdh airson a riarachadh co-ionann, me. sliseadh paidh ùbhlan no lasagne ann am pìosan co-ionann.</p> <p>Buidseatadh – cur-ris agus toirt-air-falbh teachd-a-steach agus caiteachas.</p> <p>Òrdachadh agus dèanamh suas chungaidhean leigheis - co-mheasan air an cleachdadh tric cuideachd.</p> <p>Tha airgead an-còmhnaidh air obrachadh a-mach gu 2 ionad dheicheach – feumar a bhith misneachail le seo a' buidseatadh, pàigheadh, faighinn iomlaid, is eile.</p> <p>Tha rèisean lùth-chleasach mar as trice air an tomhas gu deicheamhan agus ceudamhan de dhiogan gus co-dhùnadh air buannaiche ann an rèis dhlùth.</p> <p>Leughadh theòthachdan a' cleachdadh teas-mheidh – tuigsinn àireamhan àicheil air sgèile.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Pàtranan agus dàimhean	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha aithneachadh agus cleachdadh phàtranan is pàtranan àireamhan na bhloc togail deatamach airson àireamhachd a thuigsinn – bunait mòran taobhan de mhatamataig.</p> <p>Tha tuigse do dh'òrdughan àireamhan a' ceadachadh dhuinn foirmlean ailseabrathach a ghineadh gu dealbhach, labhairteach no cleachdadh chomharran ailseabrathach. Tha foirmlean bunaiteach ann an leasachadh modaileadh matamataigeach agus bunaiteach do riochdachadh grafaigeach uile.</p> <p>Tron chomas air luach àireamhach a chur air caisead (leathad), tha e a' ceadachadh crìochan a chur nan àite airson comasan dealbhaidh is sàbhailteachd.</p>
Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?	Ann an dealbhadh feartan sàbhailteachd leithid rampa so-ghluasaid, ruigsinneachd air togalaichean, leathadan no mullaich, caisead rathaidean is eile, feumar beachdachadh air caisead an leothaid gus a dhèanamh cinnteach gu bheil e sàbhailte a chleachdadh.

Cumhachdan agus freumhan	
Carson a tha e cudromach?	<p>Tha cumhachdan a' toirt comas air àireamhan mòra a libhrigeadh ann an dòigh nas sgiobalta.</p> <p>Tha freumhan nan inneal deatamach ann an obrachaidhean a-mach agus a' leasachadh tuigse do dh'obrachadh mùiteach chumhachdan.</p> <p>Tha comharradh saidheansail a' comasachadh do dh'àireamhan mòra agus beaga a bhith sgrìobhte ann an cruth nas giorra. Tha ceistean a thaobh iomadachadh is roinneadh air àireamhan mòra agus beaga a' fàs nas fhasa an làimhseachadh tro chleachdadh air comharradh saidheansail.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

<p>Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor beatha?</p>	<p>Tha tuigse do chumhachdan is freumhan deatamach oir tha iad air an cleachdadh ann am mòran phàirtean de ar saoghal teicnigeach nuadh-aimsireil, leithid geamannan coimpiutair, innleadaireachd agus ionmhas.</p> <p>Tha eòlas air àireamhan ceàrnagach gar cuideachadh ag obrachadh a-mach farsaingeachdan cheàrnagan.</p> <p>Tha tuigse do chomharradh saidheansail gar cuideachadh a' sgrìobhadh àireamhan fìor bheag agus fìor mhòr ann an cruth nas èifeachdaiche.</p>
--	---

<p>Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D</p>	
<p>Carson a tha e cudromach?</p>	<p>Bheir tuigse do fheartan chumaidhean 2D agus nithean 3D comas do luchd-ionnsachaidh aithneachadh mar a tha iad a' freagairt air a chèile agus mar a thathar gan cleachdadh sa bheatha làitheil. Cuideachd, tha e a' leasachadh modh-obrach co-cheangailte ri fuasgladh cheistean agus fuasgladh air mòran cheistean geomeatrach. Tha seo cudromach, gu h-àraidh ann an deilbh toraidh agus cleachdadh èifeachdach air goireasan.</p>
<p>Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?</p>	<p>Pacaigeadh èifeachdach ann an gnothachas, me. cumaidhean a tha a' freagairt math còmhla.</p> <p>Togail thogalaichean.</p> <p>Taidhleadh ann an sgeadachadh a-staigh.</p>

<p>Uair</p>	
<p>Carson a tha e cudromach?</p>	<p>Leasachadh tuigse do dh'uir agus uair a' dol seachad a' cur taic ris na sgilean a tha riatanach airson ùineachan obrachadh a-mach, a' clàradh uarach agus a' leasachadh làimhseachadh èifeachdach air uair.</p> <p>Tha iompachadh eadar aonadan uarach riatanach ann an comharrachadh agus coileanadh àireamhachaidhean.</p>

Cudromachd àireamhachd agus matamataig

Ciamar a tha seo ga chleachdadh ann an co-theacsan fìor-beatha?

Cumail ri uair san fharsaingeachd nar beatha làitheil.

Ag obrachadh a-mach ùineachan thursan airson tachartas / turas latha a phlanadh.

Ùineachan còcaireachd / tìmearan.

Cudromach san àite obrach, me. ruigsinn ann an àm, cumail ri amannan fois, coileanadh cinn-ama airson pròiseactan a chur a-steach, is eile.